



## *Catriona Lexy Chaimbeul*

### **BLIADHNA NAN SGEUL**

*Ann am beul-aithris, bidh sgeulachdan ag atharrachadh beagan thar ùine. Ged nach bi cnàmhan na sgeòil ag atharrachadh, bidh tionndadh diofraichte aig gach sgeulaiche oir 's e rudan beò a th' annta. Mar sin, seo agaibh na sgeulachdan sgrìobhte airson cleachdadh ann an dòigh sam bith a tha freagarrach dhuibh, ach chan eilear an dùil gum bi sgoilearan gan cleachdadh airson leughadh fhad 's a tha iad ag èisteachd ri Catriona gan aithris.*

#### **SGEULACHD 1**

Bha duine ann an Cinn Tàile 's e a' càradh a bhàta. Bha e gu bhith deiseil ach bha feum aige air aon phìos fiodh mu dheireadh. Thuir e ri bhean gun robh e a' dol dhan choille gus pìos fiodh a lorg a bhiodh freagarrach is dh'fhalbh e.

Bha e a' coiseachd airson ùine mhòr gus an do mhothaich e gun robh e ann am pàirt dhen choille air nach robh e eòlach. Bha e air chall. Mu dheireadh, chunnaic e bothan beag pìos air falbh is rinn e a shlighe thuige. Ghnog e air an doras agus, nuair a dh'fhosgail e, bha triùir bhoireannach a' seasamh an sin. "Thig a-steach," thuir iad, "s iongantach mura bheil thu fuar." Is chaidh an duine a-steach.

Bha deagh chèilidh aige còmhla ri na boireannaich gus an do dh'fhàs e sgìth. Thabhaich na boireannaich leabaidh air airson na h-oidhch' is chaidh e a chadal an sin. Cha robh e air a bhith na chadal fada nuair a chuala e ceumannan a' tighinn a-steach dhan rùm. B' e aon dhe na boireannaich a bh' ann. Chaidh i gu ciste a bha ri taobh na leapa is thug i a-mach ad. Chuir i an ad mu ceann is thuir i, 'Aon, dhà, trì, gu Lunnainn a thèid mi!' Is dh'fhalbh i à sealladh.

An ceann greis, thàinig an dàrna boireannach agus an uair sin an treas boireannach is rinn gach tè an aon rud. Cha mhòr gun creideadh an duine a shùilean. Chaidh e chun na ciste is bha an ad an sin fhathast. Chuir e an ad mu cheann is thuir e, 'Aon, dhà, trì, gu Lunnainn a thèid mi!' Is dh'fhairich e e fhèin a' siubhal tron adhar, a' sgèith thairis air an dùthaich air fad, gus an do ràinig e Lunnainn far an tàinig e gu talamh am fianais taigh-òsta.

Dh'fhosgail e an doras is bha 'n triùir bhoireannach nan suidhe aig bòrd. "Tha thu seo mu dheireadh thall!" dh'èigh iad agus thabhaich iad deoch air. Chuir iad seachad fad na h-oidhche còmhla – ag ithe, ag òl agus a' seinn – is bha an duine air a dhòigh. Mu dheireadh, thuir aon dhe na boireannaich, 'Chan eil mi faireachdainn ro mhath, tha mi dol dhan taigh-bheag.' Agus dh'fhalbh i. An uair sin, thuir an dàrna boireannach nach robh ise a' faireachdainn gu math agus dh'fhalbh ise cuideachd. Thuir an treas boireannach, 'Tha cho math dhomh dèanamh cinnteach gu bheil an dithis ud ceart gu leòr.' Is dh'fhalbh ise cuideachd.

Bha an duine leis fhèin. Dh'fhuirich e airson ùine ach cha do thill na boireannaich. Bha an taigh-òst' a' dùnadh is thàinig fear an taighe thuige 's e ag iarraidh pàigheadh airson an deoch agus am biadh a ghabh iad. 'Chan eil airgead agam,' thuir an duine is dh'fhàs fear an taighe ainmeineach. "Tha mi seachd sgìth dhe na boireannaich sin a' tighinn a seo agus a' falbh gun a bhith pàigheadh! Pàighidh tusa a h-uile sgillinn no thèid do chur an grèim 's bidh thu air do chrochadh mar mhèirleach.'

Ach cha robh airgead aig an duine idir. Chaidh èigheach air na poilis, chaidh a thoirt dhan chùirt is thuir am briteamh nach robh teagamh mu chiont. Bhiodh e air a chrochadh sa bhad! Dh'fhalbh iad leis an duine gu cnoc na croiche is chuir iad an ròpa mu amhaich. 'Bheil thu ag iarraidh càil mus bàsaich thu?' chaidh fhaighneachd

dha. ‘Aidh, bha ad agam nuair a thàinig mi seo. Saoil am faigh mi i air ais mus bàsaich mi?’ Thug iad dha an ad is chuir an duine i mu cheann. Thuir e, ‘Aon, dhà, trì, gu Cinn Tàile a thèid mi!’ Is dh’fhalbh e na sgèith tron adhar, air falbh bho Lunnainn is air ais gu thaigh fhèin ann an Cinn Tàile.

Chunnaic a bhean e is thàinig i na ruith, ‘Càit’ idir an robh thu is dè tha sin ma d’ amhaich?’ Sheall an duine ris fhèin is chunnaic e gun robh an ròpa crochaidh fhathast mu amhaich agus, ceangailte ri sin, pìos fiodh bhon chroicheil (gallows). Is bha am pìos fiodh sin dìreach ceart airson an toll sa bhàta a chàradh!

## SGEULACHD 2

Am Balach agus am Baidhsagal bho Sgeulachdan Eagalach Feagalach le Catriona Lexy Chaimbeul. Air fhoillseachadh le Acair ann an 2008.

## SGEULACHD 3

Nuair a bha mo shì-sheanmhair òg, bha i a-muigh air a’ mhòintich ’s i a’ coimhead airson caora bheag a chaidh air chall. Bha i air a bhith coiseachd airson ùine fhada is bha an oidhche a’ tighinn. Bha an t-uisg’ air tòiseachadh cuideachd is bha i fàs gu math fliuch.

Dìreach an uair sin, chunnaic i cumadh duine a’ nochdadh air a’ mhòintich. Bha e mòr is àrd is bha còta fada oilsgein air. Bha fhios aice san spot cò bh’ ann – Bodach na Mòintich e fhèin: Mac an t-Srònaich. Bha fhios aice gur e duine cunnartach a bha seo is, nam faigheadh e grèim oirre, nach biodh teans aice. Cho sàmhach ’s a b’ urrainn dhi, chrùb i sìos air cùl bruaich is chùm i cho sàmhach ’s a ghabhadh.

Chuala i na ceumannan aige a’ tighinn na b’ fhaisge gus an robh e a’ seasamh os a cionn air a’ bhruaich. Ghlac i a h-anail. Bha feagal a beath’ oirre. Bha an t-uisg’ a’ dòrtadh a-nis – sìos a chòta oilsgein agus sìos aodann mo shì-sheanmhar. Shuidh’ i crùbt’ an sin airson ùine fhada gus mu dheireadh, chuala i na ceumannan trom aige a’ coiseachd air falbh, ga fàgail leatha fhèin air a’ mhòintich.

Cho luath ’s a bha e à sealladh, dh’fhalbh i na ruith, fad an t-slighe dhachaigh. Ràinig i an taigh is bha a’ chaora bheag an sin a’ feitheamh ’s i air lorg a slighe dhachaigh leatha fhèin.

Agus sin an sgeulachd mun àm a choinnich mo shì-sheanmhair ri Mac an t-Srònaich ’s a fhuair i às le beatha.

BLIADHNA  
NAN SGEUL  
— 2022 —